



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

An Urra ri Cò



Pàrlamaid na h-Alba



- Bidh i a' stèidheachadh laghan do dh'Alba co-cheangailte ri **cùisean a bhuineas ri cumhachdan tiomnaichte**
- Bidh i a' cumail dheasbadan air cùisean a bheir buaidh air Alba
- Bidh i a' sgrùdadh agus a' ceasnachadh obair **Riaghaltas na h-Alba**

Taghaidhean

Tha a h-uile neach ann an Alba air an riochdachadh le ochdnar BhPA – aon airson na **sgìre-pàrlamaid** aca agus seachdnar airson na **roinne** pàrlamaid nas motha a tha a' gabhail a-steach na sgìre-pàrlamaid aca. Seo mar a thèid an taghadh.



Sgìre-phàrlamaid

73



Roinneil

56

=

129

Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA)

- Aon bhòt airson tagraiche ainmichte
- Buannaichidh an tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean

- Aon bhòt airson partaidh no tagraiche neo-eisimeileach
- Thèid foirmle (foirmle d'Hondt) a chleachdadh gus obrachadh a-mach cò bhuannaich.



Tha an aon inbhe aig a h-uile BPA agus faodaidh tu fios a chur gu gin den ochdnar bhall a tha gur riochdachadh.


Riaghaltas na h-Alba

- Bidh e a' moladh agus a' cur laghan an gnìomh do dh'Alba co-cheangailte ri **cùisean a bhuineas ri cumhachdan tiomnaichte**
- Bidh e a' stèidheachadh agus a' cur phoileasaidhean an gnìomh co-cheangailte ri **cùisean a bhuineas ri cumhachdan tiomnaichte**
- Bidh e a' moladh buidseat na h-Alba
- Tha e fo cheannas a' Phrìomh Mhinistear

Ciamar a thèid Riaghaltas na h-Alba a stèidheachadh?

Bidh na 129 BPA a' taghadh aon BhPA mar Phrìomh Mhinistear (gu h-àbhaisteach bidh an neach seo na b(h)all den phartaidh as motha sa Phàrlamaid).

Bidh am Prìomh Mhinistear a' cur cuid a BhPA an dreuchd mar Mhinistearan na h-Alba.



Gheibh Ministearan na h-Alba taic bho sheirbheisich chatharra.

Tha Riaghaltas na h-Alba cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba airson na nì e.

Tha dà dhìofar dhreuchd aig Ministearan Riaghaltas na h-Alba: dreuchd ann am Pàrlamaid na h-Alba (BPA) agus dreuchd ann an Riaghaltas na h-Alba (Ministear). Bidh oifis eadar-dhealaichte aca airson gach dreuchd.

Pàrlamaid na RA

- Bidh i a' stèidheachadh laghan don RA, a' gabhail a-steach Alba, co-cheangailte ri **cùisean a bhuineas ri cumhachdan glèidhte**
- Bidh i a' cumail dheasbadaid air cùisean a bheir buaidh air an RA
- Bidh i a' sgrùdadh agus a' ceasnachadh obair **Riaghaltas na RA**

Riaghaltas na RA

- Bidh e a' moladh agus a' cur laghan an gnìomh don RA, a' stèidheachadh phoileasaidhean don RA agus a' moladh buidseat na RA. Bheir na laghan is poileasaidhean sin buaidh air Alba ma bhuineas iad ri **cùisean co-cheangailte ri cumhachdan glèidhte**
- Tha e fo cheannas a' Phrìomhaire

Pàrlamaid na h-Eòrpa



Taghaidhean
751 Buill Pàrlamaid na h-Eòrpa (BPE), air an taghadh le siostam riochdachaidh co-roinneil

- Tha àite aice ann a bhith stèidheachadh laghan don Aonadh Eòrpach (AE) agus ann a bhith cur aonta ri buidseat an AE
- Bidh i a' cumail dheasbadaid air cùisean a bheir buaidh air an AE
- Bidh i a' sgrùdadh agus a' ceasnachadh obair institiudan eile san AE

A' gabhail a-steach 6 BPE a tha a' riochdachadh Alba air fad, a tha air an taghadh le foirmle d'Hondt.

Coimisean na h-Eòrpa

Chan eil riaghaltas aig an AE a tha coltach ri Riaghaltas na RA no Riaghaltas na h-Alba. Tha Coimisean na h-Eòrpa air a dhèanamh suas de choimiseanairean bho gach ball-stàid san EU agus tha e a' riochdachadh leas na RA air fad.



Taghaidhean

Buannaichidh an tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean anns gach tè de na 650 sgìrean-pàrlamaid (sgìrean beaga den RA) = 650 Buill Pàrlamaid (BP)


Tha 59 BP ann an Alba. Tha a h-uile duine ann an Alba air an riochdachadh le aon BHP airson na sgìre-pàrlamaid aca.

Bhòt an RA ann an reifreann air 23 Ògmhios 2016 airson an AE fhàgail. Ge-tà, gus am bi an ùine rèiteachaidh seachad, bidh an RA fhathast na ball den AE.



Bidh Riaghaltas na h-Alba a' cur laghan AE a tha toirt buaidh air Alba agus a bhuineas ri **cùisean co-cheangailte ri cumhachdan tiomnaichte** an gnìomh.

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' moladh a' mhòr-chuid de na laghan do dh'Alba a bhuineas ri **cùisean co-cheangailte ri cumhachdan tiomnaichte** agus cuiridh e an sàs iad nuair a gheibh iad aonta bho Phàrlamaid na h-Alba.



Chaidh Pàrlamaid na h-Alba a chur air bhonn tro lagh le Pàrlamaid na RA agus chaidh cumhachdan a **thiomnadh** do Phàrlamaid na h-Alba ann an 1999 tron lagh sin. Chaidh cumhachdan a bharrachd a thiomnadh dhi ann an 2012 agus 2016.

Faodaidh Pàrlamaid na RA laghan a stèidheachadh do dh'Alba fhathast a bhuineas ri **cùisean co-cheangailte ri cumhachdan tiomnaichte** ach a rèir nan cleachdaidhean riaghlaidh bidh i a' sireadh aonta bho Phàrlamaid na h-Alba an toiseach.

Bidh Riaghaltas na RA a' cur laghan AE a tha toirt buaidh air Alba agus a bhuineas ri **cùisean co-cheangailte ri cumhachdan glèidhte** an gnìomh.

Bidh Riaghaltas na RA a' moladh a' mhòr-chuid de na laghan do dh'Alba a bhuineas ri **cùisean co-cheangailte ri cumhachdan glèidhte** agus cuiridh e an sàs iad nuair a gheibh iad aonta bho Phàrlamaid na RA.




Tha BPA, BP agus BPE ag obair do bhuidhnean gu tur eadar-dhealaichte, ach faodaidh barrachd air aon de na dreuchdan sin a bhith aca aig an aon àm.

A' stèidheachadh laghan do dh'Alba

Feadhainn de na raointean dom bi Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na RA agus Pàrlamaid na h-Eòrpa a' stèidheachadh laghan a bheir buaidh air Alba:

- Pàrlamaid na h-Alba
- Pàrlamaid na RA
- Pàrlamaid na h-Eòrpa




Am Bun-reachd

○ ● ○




Cùisean Dìona is Poileasaidh airson Dùthchannan Cèin

○ ● ○




Foghlam

● ○ ○



Cùisean Cosnaidh

● ● ○




Cumhachd

● ● ○



An Àrainneachd is Cùisean Dùthchail

● ○ ○




Slàinte

● ○ ○



In-imrich

○ ● ○




Lagh is Rian

● ○ ○




Tèarainteachd Shòisealta

● ● ○



Cìsean

● ● ○



Còmhdhail

● ● ○



Fiosrachadh Conaltraidh

Pàrlamaid na h-Alba

Faic an duilleag cùil

Riaghaltas na h-Alba

☎ 0300 244 4000
www gov.scot

Pàrlamaid na RA

☎ 0800 112 4272
www parliament.uk

Riaghaltas na RA

www gov.uk

Pàrlamaid na h-Eòrpa

(an oifis ann an Alba)

☎ 0131 557 7866
www europarl.org.uk



Seirbheisean Fiosrachaidh a' Phobail

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba agus a cumhachdan, cuir fios thugainn.



parliament.scot/live-chat



0800 092 7500 no 0131 348 5000

0131 348 5395 (Gàidhlig)

Faodar fios a chur thugainn le bhith cleachdadh na seirbheis-fòn, Text Relay, no ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn tro [contactSCOTLAND-BSL](#)



gaidhlig@parliament.scot



Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann, EH99 1SP



parliament.scot/contact



Ma tha fiosrachadh a dhìth ort ann an cruth no cànan eile, cuir fios thugainn.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an fhiosrachaidh agad, faic www.parliament.scot/dataprotection